

Loch nan Rionnag



Air ath-innse le Jamila Gavin
Dealbhan Diana Mayo
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR





Uair bha siud bha Isean Lach agus
Mamaidh Lach ann.

Aon là sgèith iad suas dhan adhar.

Bha a' ghrian air fàs dearg san adhar.





Choimhead Isean Lach sìos.

Chunnaic e lòn.

Chunnaic e muile-mhàgagan san lòn.

“Thèid sinn sìos agus ithidh sinn
na muile-mhàgagan,” ars Isean Lach.





Choimhead Mamaidh Lach sìos air an lòn.

“Cha tèid, Isein,” thuirt Mamaidh.

“Tha mi a’ faicinn tìgear shìos an siud.

Ithidh e thu.”





Choimhead Isean sìos. Chunnaic e abhainn.

Chunnaic e tairbh-nathrach ghorma
air an abhainn.

“Thèid sinn sìos agus ithidh sinn na
tairbh-nathrach,” ars Isean.





Choimhead Mamaidh Lach sìos air an
abhainn.

“Cha tèid Isein,” thuirt Mamaidh.

“Tha mi a’ faicinn crogal shìos an siud.

Ithidh e thu.”





Chaidh a' ghrian mhòr dhearg fodha.



Dh'èirich a' ghealach mhòr gheal.
Thàinig na rionnagan a-mach.





Choimhead Isean sìos.

Chunnaic e loch.

Chunnaic e flùraichean geala anns an loch.

“Thèid sinn sìos agus ithidh sinn
na flùraichean,” ars Isean.






Choimhead Mamaidh Lach sìos air an loch.
Cha robh i a' faicinn tìgear.
Cha robh i a' faicinn crogal.
“Thèid sinn sìos a-nis,” thuirt i.



Sìos,
sìos,
sìos, sgèith iad.



Sgèith iad sìos chun an loch.





Sgròb iad agus sgròb iad na flùraichean,
ach cha b' urrainn dhaibh an ithe.

“An e flùraichean seunta a th' annta?”
ars Isean.





Choimhead Mamaidh Lach suas air na rionnagan.
An uair sin choimhead i sìos air na flùraichean.
“Chan e flùraichean a th’ annta,” thuirt i.
“S ann a tha sinn a’ faicinn nan rionnag san
uisge.”

